

Rèididheachd ann am Biadh agus san Àrainneachd, 2016



BUIDHEANN NA H-ÀRAINNEACHD
BUIDHEANN INBHEAN A' BHÌDH
INBHEAN BÌDH ALBA
GOIREASAN NÀDARRA NA CUIMRIGH
BUIDHEANN ÀRAINNEACHD ÈIRINN A-TUATH
BUIDHEANN DÌON ÀRAINNEACHD NA H-ALBA

Rèididheachd ann am Biadh agus san Àrainneachd, 2016

RIFE – 22

Dàmhair 2017

Ro-ràdh

Tha an aithisg seo a' gabhail a-steach samplachadh agus anailis a chaidh air adhart ann an 2016 airson phrògraman marasglachaidh thar-RA aig Buidheann Inbhean A' Bhìdh, Buidheann na h-Àrainneachd, Buidheann Dìon Àrainneachd na h-Alba, Inbhean Bidh Alba, Goireasan Nàdarra na Cuimrigh agus Buidheann Àrainneachd Èirinn A-Tuath. Tha na prògraman marasglachaidh a tha na buidhnean sin a' cur air adhart neo-eiseimeileach bho, agus cuideachd air an cleachdadh mar dhearbhadh air, prògraman ghnìomharaichean làrach niuclasach.

Tha an aithisg a' gabhail a-steach co-dhùnaidhean a' mharasglachaidh a bhios a' leantainn timcheall làraichean Magnox agus iad an sàs ann an dì-choimiseanadh a bharrachd air an Readhactar Adhartach Fuarachaidh Gas agus an Readhactar Bruthaidh Uisge a tha a' leantainn le bhith a' cruthachadh cumhachd. Tha an aithisg seo cuideachd a' gabhail a-steach marasglachadh aig làraichean a tha an sàs ann an saothrachadh agus ath-ghìollachd connadh niuclasach, àiteachan rannsachaidh, àiteachan dìon, saothrachadh rèidioceimigeach, làraichean dìleabach agus cuid de làraichean tionnsgalach is sgudail.

Bithear a' cleachdadh co-dhùnaidhean nan trì prògraman marasglachaidh sin gus measadh a dhèanamh air an dòs a gheibh daoine sa choimhearsnachd a tha faisg air làraichean niuclasach ceadaichte agus làraichean tionnsgalach is sgudail. Bidh na measaidhean dòs sin a' cleachdadh fiosrachaidh a thaobh daitheadan is cleachdaidhean còmhnaidh aig daoine a tha a' fuireach faisg air làraichean niuclasach ceadaichte a chaidh a thionnsgalach anns na sgrùdaidhean cleachdaidh. Ann an 2016, chaidh sgrùdaidhean cleachdaidh air adhart ann an Heysham, Amersham agus Sellafield an Sasainn, agus aig Faslane agus Torness ann an Alba.

Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air biadh ann an daithead coitcheann dhaoine agus air stòran uisge òil poblach air feadh na RA. Sheall na co-dhùnaidhean gur e cuibhreann bheag de radionuclides fuadan a bha anns an dòs rèididheachd iomlan poblach a bha ann an daitheadan coitcheann nan daoine.

Air feadh 2016 chaidh cuidhteachadh a dhèanamh de sgudal rèididheachd riaghlaidhte ann an Sasainn agus sa Chuimrigh fo Riaghailtean Ceadachaidh Àrainneachd 2010 (EPR 10). Aig toiseach 2017, chaidh na Riaghailtean Ceadachaidh Àrainneachd (EPR 16) a chuir an àite na riaghailtean EPR roimhe. Ann an Alba is Èireann a-Tuath, is e Achd Stuthan Rèididheachd 1993 a tha fhathast mar an reachdas maireannach.

Thathas a' leantainn air adhart le bhith a' dì-choimiseanadh mòran de na làraichean niuclasach ann am Breatainn. Ann an 2016, chaidh na buidhnean àrainneachd air adhart le pròiseas co-chomhairle mu dhreachd de stiùireadh air na

prionnsapalan, na riathanasan agus a' phròiseas riaghlaidh a bhios a' buntainn ri làraichean niuclasach aig a h-uile ìre de dhì-choimiseanadh agus glanadh. Is e an t-amas a bhith dèanamh cinnteach gun tèid sgudal rèididheachd agus truailleadh a riaghladh ann an dòigh a tha sàbhailte gus am bhi e comasach do làraichean niuclasach an toirt a-mach à riaghladh fo reachdas stuthan rèididheachd.

Tha aithisg RIFE agus na prògraman marasglachaidh co-cheangailte a rèir riathanasan an Stiùireadh Euratom a tha a' suidheachadh inbhean sàbhailteachd bunaiteach airson dìon mu choinneimh nan cunnartan a tha a' nochdadh bho bhith fosgailte ri gathachadh idheonachaidh. Gu sònraichte, bidh e a' toirt seachad tuairmse de dhòsan don phobail bho chleachdaidhean ùghdarraichte agus a' dèanamh comasach na co-dhùnaidhean sin a thoirt seachad do luchd-dèiligidh. Tha prìomh dhleastanas poileasaidh Riaghaltas na RA air BEIS airson an Stiùireadh Inbhean Sàbhailteachd Bunaiteach an EU. Tha an Stiùireadh Inbhean Sàbhailteachd Bunaiteach ùr (BSSD) a' co-dhaingneachadh agus ag ùrachadh sholaraidhean Euratom gnàthaichte airson dìon an aghaidh na droch bhuidhean aig rèididheachd idheonachaidh le bhith dol an àite còig Stiùiridhean gnàthaichte agus Moladh a' Choimisean. Tha e a' gabhail a-steach inbhean airson foillseachadh poblach a bharrachd air feadhainn airson foillseachadh dreuchdail agus lèigheil. Feumaidh buill stàite Euratom an stiùireadh atharraichte a thoirt a-steach do reachdas dachaigheil ro 6 Gearran 2018. Tha a' mhòr-chuid de na riathanasan a tha san stiùireadh ùr a thaobh foillseachadh poblach bho sgudail rèididheachd mu thràth air an coileanadh ann an reachdas na RA. Ach dh'fhaodadh gum bi feum air atharrachaidhean ann an Riaghailtean Ceadachaidh Àrainneachd 2016 airson Sasainn agus a' Chuimrigh, agus reachdas co-ionann airson Alba is Èireann a-Tuath, agus bidh BEIS a' dèanamh co-chomhairle mun sin as t-foghair 2017.

Às deidh co-dhùnadh Reifreinn an EU a thighinn a-mach às an Aonaidh Eòrpach, dh'ainmich Riaghaltas na RA an co-dhùnadh aca crìoch a chuir air a' bharrachd aca ann an coimhearsnachd an Euratom. Tha Cùmhnant an Euratom a' buntainn ris a h-uile ball Stàite san EU agus a' feuchainn ri inbhean sàbhailteachd niuclasach, tasgadh agus sgrùdadh taobh a-staigh na buill Stàite sin a bhrosnachadh. Tha Riaghaltas na RA an-dràsta ag ath-sgrùdadh na h-uidheaman agus an rèiteachadh air a bheil feum gus dèanamh cinnteach gum bi inbhean sàbhailteachd niuclasach agus taic dìon ghnìomhachas air a chumail suas aig an aon ìre aon uair 's gum fàg an RA Euratom.

Bha dòsan rèididheachd ann an daoine a bha a' fuireach timcheall làraichean niuclasach ceadaichte bho sgaoileadh ceadaichte de rèididheachd gu mòr nas ìsle na crìoch nàiseanta na RA agus Eòrpach de 1 millisievert gach bliadhna ann an 2016.